

## **Oilthigh Shrath Chluaidh**

### **Freagairt dhan Dreachd de Phlana Nàiseanta na Gàidhlig**

Tha an t-Oilthigh taingeil airson a' chothroim beachd a thoirt air an dreachd den Phlana Nàiseanta agus thathar a' moladh an t-seallaidh agus an ro-innleachd airson ath-bheothachadh a' chànain. Ri linn inbhe mar ionad neo-eisimeileach, cha bhi an t-Oilthigh an lùib nam buidhnean poblach a dh'fheumas plana cànan a dheasachadh. A dh'aindheoin sin, bu mhath leis an Oilthigh gabhail ri spiorad Achd na Gàidhlig 2005 agus a' Phlana Nàiseanta. Tha Damh an Fhoghlaim aig Cnoc Iòrdain air a bhith an sàs ann am foghlam Gàidhlig san fharsaingeachd agus ann an trèanadh luchd-teagaisg gu sònraichte ann an dòigh iomraiteach thar iomadh bliadhna agus tha an t-Oilthigh bho àm an aonaidh le Colaiste Chnoc Iòrdain air grunn iomairtean a chur air chois ann an raon na Gàidhlig. Nam measg tha:-

- a' cur air adhart chlasaichean ann an Eòlas Gàidhlig ann an Damh an Lagh, nan Ealan agus nan Saidheansan Sòisealta a tha fosgailte do dh' oileanach air cùrsa sam bith san Oilthigh
- a' stèidheachadh ann an co-bhonn ri Institiut Oilthigh na Gàidhealtachd 's nan Eilean cùrsa Diploma Iar-cheumnach ann am Foghlam (Bun-sgoile) le Gàidhlig a' cleachdadh modail ionnsachaidh co-mheasgaichte a tha air a libhrigeadh air làrach an Oilthigh agus aig astar aig colaistean de dh'Oilthigh na Gàidhealtachd 's nan Eilean ann an Leòdhas, Inbhir Nis agus Earra-Ghàidheal
- co-phàirteachadh le Oilthighean Obar Dheathain, Dhùn Èidinn agus Ghlaschu agus le Sabhal Mòr Ostaig ann am pròiseact mòr fad-ùine a tha ag amas air Faclair Eachdraidheil na Gàidhlig a thoirt gu buil
- a' cruthachadh slighe Gàidhlig anns a' chùrsa BEd ann am foghlam bun-sgoile
- modhan inntrigidh àraidh agus solarachadh sònraichte air a' chùrsa fhèin airson oileanaich foghlam tro mheadhan na Gàidhlig air a' chùrsa Diploma Iar-cheumnach ann an Foghlam (Àrd-sgoile)

Tha an t-Oilthigh, tro Dhamh an Fhoghlaim, ro dheònach a chuid phàirt ann am foghlam Gàidhlig a leasachadh agus togail air an t-saothair shusbainteach a tha ar luchd-obrach ris mu thràth ann an trèanadh luchd-teagaisg ro-sheirbheis agus in-sheirbheis, leasachadh curraicealaim, ullachadh stuthan-ionnsachaidh agus teagaisg, rannsachadh agus co-chomhairleachadh. Gheibhear eisimpleir dhen dòigh adhartach anns a bheil an t-Oilthigh a' beachdachadh air Gàidhlig sna còmhradhean a tha a' gabhail àite an ceartuair le luchd-compàirt a tha san amharc agus le buidhnean maoinachaidh air leasachadh riochd Gàidhlig de làraich-ùrlair Uinneagan Microsoft.

Thathar a' togail nam beachdan a leanas air eileamaidean àraidh dhen dreachd Plana.

#### **An Sealladh**

Tha an sealladh a tha air a chur an cèill cothromach agus ciallach. Thathar a' dèanamh toileachadh ris an dòigh planadh cànan a thathar a' cur an sàs agus cuideachd gu bheil a' faicinn Plana Bòrd na Cuimris 2000-2005 mareisimpleir. Tha e na thogail gu bheil a' toirt luaidh gu sònraichte air feumalachd prògram de rannsachadh mar bhun-stèidh air planadh cànan. Bhiodh an t-Oilthigh deònach làn-phàirt a ghabhail ann an leithid de phrògram, an dà chuid tro bhith an sàs ann an lìonradh eadar-Oilthigh a thogadh bunaitean rannsachaidh air

a' chànan agus air a' chultar agus cuideachd tro phròiseactan ionadail. Tha an t-Oilthigh a' cur gu mòr ri bhith togail bunaitean fiosrachaidh mun Ghàidhlig tro bhith a' tional, a' cur ri chèile agus a' mion-sgrùdadh fiosrachadh mu dheidhinn nan àireamhan a tha a' gabhail pàirt ann am foghlam Gàidhlig ann an sgoiltean, nì a tha air a dhèanamh gach bliadhna le Boyd Robasdan, Ceannard Foghlam Cànain.

### **Roinnean Gnìomh**

Tha cuideam iomchaidh ga chur air a bhith a' tilleadh Glusad Cànain agus tha aithne dhligeach air a thoirt do cho riatanach 's a tha e do chloinn gum bi iad air an cuartachadh chun na h-ìre as motha a ghabhas ann an Gàidhlig airson cothachadh ri bitheantas na Beurla. Tha am plana ag aithneachadh a' phàirt ro-chudromach a tha aig leasachadh corpais ann a bhith a' cur air adhart beothalachd cànain agus tha trèanadh air fhaicinn mar phàirt chudromach de leasachadh corpais. 'S urrainn do Shrath Chluaidh cur ri iomairtean trèanaidh agus eileamaidean eile de leasachadh corpais.

Faodaidh Srath Chluaidh cuideachd na cùrsaichean a thathar ag ainmeachadh ann an Àite-obrach Prìomhachas 2. "... chùrsaichean air an dealbh airson sgilean cànain an luchd-obrach a leasachadh" a thairgsinn tro leasachadh proifeiseanta leantainneach. Tha an t-Oilthigh a' dèanamh toileachadh ris an rùn ann an Àite-obrach Prìomhachas 6 sgeamaichean greis-gnìomhachas airson oileanaich is ceumnaichean a leasachadh.

Bhiodh an t-Oilthigh airson a bhith an lùib stèidheachadh Buidheann Stiùiridh Nàiseanta airson planadh corpais. Gu dearbh b' e Boyd Robasdan a thog beachd mu dheidhinn Acadamaidh Gàidhlig an toiseach aig taisbeanadh air ceumannan leasachaidh foghlam Gàidhlig aig Còmhdhail Chomunn na Gàidhlig ann an Inbhir Nis.

Tha luchd-obrach aig Damh an Fhoghlaim a tha air an uidheamachadh gus trèanadh a thoirt seachad ann an eadar-theangachadh agus eadar-mhìneachadh proifeiseanta agus tha iad fìor eòlach ann am modhan leasachaidh faclaireachd, litreachaidh agus briathrachais ùir. Mar a chaidh a thogail mu thràth, tha Srath Chluaidh a' compàirteachadh ann an iomairt eadar-Oilthigh gus Faclair Eachdraidheil a stèidheachadh airson na Gàidhlig. Bu chòir pròiseact faclair na Gàidhlig a bhith air a chur ris an liost de na prìomh bhuidhnean anns an raon seo.

Tha Prìomhachas 6 anns an earrann air Seasamh a' toirt fainear an fheum a th' ann a bhith a' cur air adhart agus a' margaideachd buannachdan Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Tha òraidichean na Gàidhlig anns an Damh air a bhith gu mòr an sàs ann a bhith a' leasachadh foghlam tron Ghàidhlig ann an Glaschu, Dùn Èideann agus badan eile den Ghalldachd agus tha iad, mar sin, làn uidheamaichte gu cur ri deasachadh stuthan a shònraicheas na buannachdan sin.

Tha òraidichean anns an Damh gu trang an sàs anns na gnìomhan a thathar a' moladh ann am Mothachadh Prìomhachasan 3 is 6 tro chlasaichean Eòlas Ceiltis is Gàidhlig agus tro lìonraidhean eadar-nàiseanta mar Mercator Education agus Voces Diversae.

'S e an Raon Gnìomh air Foghlam an raon anns am bi an t-Oilthigh an sàs gu dìreach. Tha puingeann feumail air an togail anns an roi-ràdh mu na Bliadhnaichean Tràth a thaobh na buaidh a bhiodh aig cion foghlaim Gàidhlig aig an ìre seo. Tha sin ri fhaicinn anns na tha a' tachairt aig ìrean ionadail. Tha fìor bhunaiteachd Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann a bhith a' togail cànain air a dhaingneachadh agus tha an fheum air "leasachadh brìoghmhor ann an solair" anns na h-àrd-sgoiltean air a chomharrachadh cuideachd. Tha leudachadh ann

an solair nan cùrsaichean-bogaidh a' faighinn àrd-phrìomhachas iomchaidh ach thathar a' call sealladh air an fheum a th' ann raon farsaing de chothroman ionnsachaidh a thoirt do dh'inbhich a bheir dhaibh slighe leantainneach gu fileantachd.

'S e Damh an Fhoghlaim aig Cnoc Iòrdain am prìomh ionad lìbhrigidh airson ro-thrèanadh luchd-teagaisg Gàidhlig agus tha e air a bhith a' co-obrachadh gu dlùth le ùghdarrasan ionadail agus buidhnean eile gus slighean eadar-dhealaichte gu teagasg a chruthachadh. Rachadh beachdachadh air iomairtean eile a bhiodh ag amas air àireamh luchd-teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig a leudachadh agus piseach a thoirt air trèanadh cànan is proifeiseanta nam biodh ionmhas iomchaidh ri fhaighinn.

Tha an t-Oilthigh mu thràth a' cur ri Prìomhachas 2 san earrainn air Bliadhnaichean Sgoile. Anns a' chùrsa PGDE (Àrd-sgoile), tha dòigh aithneachaidh air leth ann airson gach cuspair sgoile anns a bheil tagraichean ag agairt sgil ann an Gàidhlig. Anns a' chùrsa fhèin, tha modal ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus greis-sgoile ann an suidheachadh foghlam tron Ghàidhlig air a thoirt seachad.

Dh'fhaodadh Bòrd na Gàidhlig agus ùghdarrasan ionadail feum a dhèanamh dhen an eòlas fharsaing a th' aig òraidichean an Daimh ann an leasachadh curraicealaim, leasachadh proifeiseanta leantainneach, deasachadh stuthan etc ann a bhith ag obair a dh' ionnsaigh nan sia prìomhachasan san earrann air Stòras Foghlaim.

Anns an Raon Gnìomh air Cultar, b' urrainn dhan Damh cuideachadh le a bhith a' toirt gu buil Prìomhachas 4 ann an Gnìomhachd Chultarach, tro thrèanadh ro-sheirbheis agus in-sheirbheis do luchd-obrach anns na h-ealain thaisbeanail. Dh'fhaoidte trèanadh a thoirt seachad anns na h-ealain Ghàidhlig agus dh'fhaoidte inbhe na Gàidhlig a thogail ann am fèisean leithid Celtic Connections. Tha comas aig an Oilthigh cuideachd cur ri "rannsachadh is sgrùdadh air dualchas na Gàidhlig." Tha an Damh a' tairgse trèanadh ann am Foghlam A-muigh, Foghlam Slàinte agus Foghlam Coimhearsnachd agus dh'fhaodadh feum a bhith air a dhèanamh dhe seo ann a bhith ag obrachadh a dh'ionnsaigh Prìomhachasan 2 agus 3 ann an Spòrs is Cur-seachad.

Faodaidh an t-Oilthigh cuid mhath a chur ris an Raon Gnìomh, Conaltradh. Tha na sgilean bunaiteach a dh'fheumar ann an Gàidhlig agus ann an Sgrìobhadh airson pàipearan-naidheachd anns an Oilthigh gus trèanadh a thoirt seachad ann an sgrìobhadh agus deasachadh na Gàidhlig sna Meadhannan-clò. Thathar uidheamaichte is deiseil gus cur ri prògraman a tha air an dealbh airson barrachd eòlais a chur air, agus tuigse fhaighinn dhe, foghlam, cultar agus dualchas na Gàidhlig. Tha an t-Oilthigh air a bhith an sàs ann a bhith ag ullachadh stuthan foghlaim agus seirbheisean eadar-ghnìomhach agus bhithte toilichte an obair seo a leudachadh le bhith a' bualadh air Eadar-ghnìomhachd Prìomhachas 2.

### **Ro-innleachd Nàiseanta Foghlam Gàidhlig**

Ged a tha e na riarachas a bhith a' faicinn nan àireamhan bliadhnail air foghlam Gàidhlig a tha an t-Oilthigh ag ullachadh air an ainmeachadh, is bochd nach eilear a' toirt aithne dhan ionad às an tàinig iad. Dh'fhaoidte a' bhrìgh cheàrr a thogail bho na thathar ag ràdh mu 4,500 sgoilear bun-sgoile a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig tron sgeama GLPS. Bhiodh "ag ionnsachadh beagan Gàidhlig" no "a' cur beagan eòlais air Gàidhlig" na bu chearta. Chan eil e ciallach no brìoghmhor a bhith ag ràdh "tha comas ann solarachadh GLPS a thathann anns a h-uile bun-sgoil ann an Alba." Dh'fheumadh sin ìre cho fìor mhòr de stòras – daonna, ionmhasach agus stuthach, gun tighinn air trèanadh agus atharrachadh bheachd.

### **Roinnean Gnìomh:**

Tha na miannan a tha air an cur an cèill anns na h-earrannan Prìomh Ghnìomhan agus Buaidh rim moladh gu beagnaich ach tha cion mìneachaidh air na gnìomhan agus na gnìomhachdan a dh'fheumar a ghabhail os làimh. Bhiodh e feumail eisimpleirean a bhith ann de phròiseactan agus phrògraman sònraichte a chruthaicheadh na buaidhean ris a bheil dùil.

### **Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig**

Tha e na fhois-inntinn a bhith a' faicinn gu bheil "prògram airson leudachadh ann an sgoiltean FG air a dheasachadh gu ro-innleachdail" mar aon dhe na buaidhean a tha air a shònrachadh. 'S e dearmad fìor chudromach a th' ann nach eilear ag ainmeachadh meudachadh san àireamh agus ìrean de chuspairean anns a bheil deuchainn ri fhaighinn tro mheadhan na Gàidhlig aig ìrean teisteanachaidh an SQA.

### **Togail Cànan**

Tha dearmad ga dhèanamh air a bhith a' leudachadh cothrom gus Gàidhlig ionnsachadh aig ìre àrd-sgoil air feadh na dùthcha agus thathar a' cur cus cuideam air an àite a dh'fhaodadh a bhith aig GLPS.

### **Solar is Trusadh Luchd-teagaisg**

Tha e annasach nach eilear a' toirt tarraing san earrainn seo air an Aithisg aig Buidheann Gnìomh Luchd-teagaisg tro Mheadhan na Gàidhlig.

### **Foghlam Luchd-teagaisg**

Tha an Raon Gnìomh seo caran staoin nuair a smaoinicheas duine air cho cudromach 's a tha e ann an leasachadh foghlam Gàidhlig. Chan eilear a' dèanamh luaidh air ceistean mar an fheumalachd a th' ann airson luchd-teagaisg FtG a bhith a' faighinn teisteanas airson a bhith ag obair anns an raon sin, an fheum airson maoinachadh sònraichte do dh'ionadan oideachaidh luchd-teagaisg airson a bhith a' leasachadh prògraman trèanadh luchd-teagaisg ann an Gàidhlig agus an fheum airson a bhith a' trèanadh oileanaich ann an caochladh chuspairean teagaisg àrd-sgoile.

### **Foghlam Treas Ìre**

Bu chòir Comhairle Maoinachaidh na h-Alba agus Colaistean FE a bhith air an ainmeachadh an lùib nam buidhnean Luchd-solair is Furastachaidh. Bu chòir tarraing a thoirt air an aithisg air cùrsaichean-bogaidh Gàidhlig aig an SQA agus air a bhith a' cur an gnìomh a cuid molaidhean.

### **Tabhartasan Sònraichte airson Gàidhlig**

Aig an àm seo, chan fhaigh ach ùghdarrasan ionadail na tabhartasan seo. Bu chòir an leudachadh gu ionadan foghlaim treas-ìre agus àrd-ìre gus an tèid leudachadh air an t-solair anns na raointean sin.

### **Stòras : BBC Alba Foghlam**

Ged a rachadh fàilte a chur air meudachadh san sgaoilteach agus san àireamh de stòrasan foghlaim BBC airson foghlam Gàidhlig na chruthan eadar-dhealaichte (chan e dìreach foghlam tron Ghàidhlig), bu chòir a thoirt fainear gu bheil na prògraman a th' ann an-dràsta snasail dha-rìribh. Bu chòir cuideachd aithneachadh gu bheil am BBC ag ullachadh stòras airson luchd-ionnsachaidh.

Anna Hughes, Iar Phrionnsapal